

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 1 | 2014 | AM FAOILLEACH

Facal Toisich

Annas a' cheud dhol a-mach bu toigh leam an cothrom seo a ghabhail Bliadhna Mhath Ur a ghuidhe do ar luchd-leughaidh air fad, ge b'è àite anns a bheil bhur dachaigh, ann an Alba no ann an dùthchannan eile air feadh an t-saoghail.

Chan eil fios dè na h-atharrachaidhean a dh'fhaodas a bhith ann air a' bhliadhna a tha air thoiseach oirnn. Annas an t-Sultain bidh luchd-bhòtaidh ann an Alba a' toirt seachad am beachd air am bu chòir do ar dùthaich a bhith neo-eisimeileach. Cha toir e buaidh air an Eaglais oir tha neo-eiseileachd againn mar-tha, ged a tha ceanglaichean againn ri buidhnean eile air feadh Bhreatainn.

Air a' bhliadhna seo cuideachd bidh sinn a' cuimhneachadh gu bheil ceud bliadhna ann bho thòisich an Cogadh Mòr. Tha na h-ainmeannan air carraighean-cuimhne a' chogaidh ag innse an sgeulachd fhèin. Rinn an cogadh uamhasach sin lom-sguabadh air coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd. Dh'fhàg e falamhachd ann an iomadh dachaigh agus ann an iomadh cridhe.

Thubhairt an salmadair, “Bha Thusa ad ionad-còmhnaidh leinn o linn gu linn.” Chunnaic an salmadair iomadh car agus caochladh 'na bheatha fhèin. A' coimhead air ais air eachdraidh an t-sluaigh chitheadh e làithean dorcha agus làithean soilleir. Ach cha robh atharrachadh a' tighinn air Dia mar a bha na bliadhnachan agus na linntean a' gabhail seachad. Aig toiseach bliadhna faodaidh sinne a ràdh mar a thubhairt an salmadair:

*Tha Thus' a-mhàin gun chaochladh ort,
'S do bhliadhnaidh buan am feasd.*

**Gach beannachd gu robh agaibh,
Ruairidh MacLeòid.**



Annas an dealbh seo chithear Eaglais Rathad Ghleann Chruitein annas an Oban far a bheil seirbheis Ghàidhlig air a cumail air a' cheathramh Sàbaid den mhìos. Thogadh an eaglais seo ann an 1893-1894. Roimhe sin bha eaglais a thogadh ann an 1821. Annas an eaglais tha uinneag mar chuimhneachan air an Oll. Urr. Alasdair Beith, a bha 'na mhinistear annas an t-seann eaglais eadar 1826 agus 1830. Dh'ionnsaich an t-Oll. Beith a' Ghàidhlig agus bha e 'na sgrìobhaiche comasach ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Tha e 'na cheannard air an Eaglais Shaoir an dèidh an Dealachaidh.

Cùil nan Ceist

'S e “bliadhnachan” an cuspair a tha againn air a' mhìos seo, aig toiseach bliadhna eile. Tha sinn a' toirt seachad nan caibideilean annas an lorg sibh freagairt gach ceist. Tha fuasgladh nan ceist againn cuideachd air an duilleig chùil.

1. Cò a dh'fhuirich bliadhna gu leth ann an Corintus, a' teagasg facal Dhè? (Gnìomharan, caibideil 18.)
2. “Tha —— bliadhna ann ad shealladh mar an latha an-dè.” (Salm 90.)
3. Dè a bha air an toirt suas o bhliadhna gu bliadhna? (Eabhraidhich, caibideil 10.)
4. Cò a ghabh còmhnaidh dà bhliadhna iomlan ann an Ierusalem gun gnùis an rìgh fhaicinn? (2 Samuel, cabideil 14.)

Coigrich – 5

'S e *Coigrich* an cuspair air an robh sinn a' smaoinichadh anns an t-sreath seo de sgrìobhaidhean.

Ann an Litir nan Eabhraidheach tha iomradh againn air na fir agus na mnathan a bha beò *tre chreideamh*. Bha iad glè eadar-dhealaichte ri chèile, ach tha an sgrìobhaiche ag ràdh gu robh seo fìor mun dèidhinn: *Dh'aidich iad gum bu choigrich agus luchd-cuairt air an talamh iad fhèin*. Dh'aithnich iad nach b'è an saoghal seo an dachaigh, nach eil againn an seo baile a mhaireas, mar a tha Litir nan Eabhraidheach fhèin ga chur. Bha sùil aig an luchd-cuairt seo, a bha a' faireachadh gu robh iad 'nan coigrich air an talamh, ri dachaighean eile, dachaigh bhuan.

Tha an t-abstol Pòl a' sgrìobhadh chun nan Crìosdaidhean ann an Corintus: *Uime sin tha sinn a-ghnàth deagh-mhisneachail, air dhuinn fios a bhith againn am feadh a tha sinn aig an taigh anns a' cholainn, gu bheil sinn air choigrich on Tighearna*.

Rinn Pòl a dhleasdanas anns an t-saoghal gu timeil agus gu spioradail. Chleachd e na sgilean agus na tàlant a bhuilicheadh air. Choisinn e a bheò-shlaint mar fhear-dèanamh phàilleanan. Bha e dìcheallach mar sgoilear air na Sgrìobtaran. Bha e dùrachdach mar theachdaire airson Chrìosd. Tha fios gun tug an obair a rinn e toileachadh dha. Ach fad an t-siubhail bha am faireachadh seo aige nach b'è an saoghal seo a dhachaigh, gu robh rud-eigin eile, rud-eigin na b'fheàrr, air thoiseach nuair a thigeadh crìoch a thurais air an talamh.

Seo an dòchas a bha aig Pòl, *Tha fios againn nan sgaoilte o chèile taigh talmhaidh a' phàillein seo, gu bheil againn aitreabh o Dhia, taigh nach do thogadh le làmhan, siorraidh anns na nèamhan*.

Solas na Grèine

*Solas na grèine,
Glòir sa cheud mhadainn,
Moladh nan speuran,
Ceòl sa cheud là;
Bòidheach an sealladh,
Eirich le moladh,
Freagair gu toileach
Fhocal le gràdh.*

*Bòidhchead na machrach,
Solas nam flaitheas,*

*Uisge mìn frasach,
Dealt a' cheud là;
Seall far na sheas E,
Làrach a chasan,
Glòir agus maise
Mairidh gu bràth.*

*Solas na grèine,
Glòir Gàradh Edein,
Saor do gach creutair,
Saidhbhreas gu leòr;
Gach là bi taingeil,
Moladh le aoibhneas.
Gu bràth glèidh cuimhn' air
Slànaighear còir.*

Seo an t-eadar-theangachadh a rinn an t-Urr. Iain MacLeòid, nach maireann, air an laoidh ainmeil, *Morning has broken*. Thionndaidh Ceana Chaimbeul an dàn seo gu Gàidhlig cuideachd agus gheibhear na faclan aice-se anns an leabhar, *Seinnibh dhan Tighearna*. Sgrìobh Eleanor Farjeon (1881-1965) na faclan Beurla. Chaidh *Morning has broken* fhoillseachadh an toiseach ann an leabhar-laoidhean ann an 1931. Tha iomadh seinneadair air an laoidh a chur air clàr. 'S e fonn Gàidhealach a tha air an dàn shìmplidh seo, am fonn a tha againn air *Leanabh an Aigh*.



Nuair a dh'innis sinn do Linda Gowans, a bhios a' cur dhealbhanan chun nan *Duilleag*, mun leabhar ùr mu Cholbhasaigh, thàinig an seann dealbh seo bhuaiphe le daoine aig banais air an eilean. Bhiodh am pòsadh seo ann beagan an dèidh a' Cheud Chogaidh. Thogadh eaglais na sgìre ann an Sgalasaig eadar 1801 agus 1804, agus ann an 1879 thogadh an eaglais Bhaisteach.

Leabhraichean

Anns an leabhar seo tha air an cur sìos na cuimhneachain a sgrìobh Barabal Satchell mu bhith ag èirigh suas ann an eilean Cholbhasaigh. Rugadh Barbra NicNèill NicAlasdair (Barbra Cholla) ann an Riasg Buidhe ann an Colbhasaigh ann an 1917. Ann an 1922 ghluais an sluagh gu taighean ùra anns a' Ghlas Aird. Chunnaic ise seann dòigh-beatha a' tighinn gu ceann ann an làithean a h-òige.

Tha nighean Barbra, Mòrag Law, air an leabhar a dheasachadh, agus tha e 'na chuimhneachan laghach air làithean na h-òige ann an eilean a bha glè Ghàidhealach anns na bliadhnan an dèidh a' Cheud Chogaidh. Glacaidh an dòigh-sgrìobhaidh ar n-aire agus na naidheachdan air an innse ann an Gàidhlig Cholbhasach.

**Dìleab
Cholbhasach
Barbara Satchell
(air fhoillseachadh le Acair. £6.)**

Tha na dealbhannan a chruinnich Mòrag a' toirt seallaidh dhuinn air beatha Cholbhasaigh agus air beatha a màthar. Tha an leabhar air a chur ri chèile gu snasail anns a h-uile dòigh.

Tha *Acair* ri am moladh airson leabhar cho brèagha a thoirt am follais air prìs a tha cho reusanta. A chionn gu bheil eadar-theangachadh Beurla air na sgrìobhaidhean air fad gheibh luchd-ionnsachaidh agus feadhainn aig nach eil facal Gàidhlig cothrom na h-aistidhean a sgrìobh Barbra Satchell a leughadh agus na pìosan air eachdraidh a beatha.

Leabhar a chòrdas ris gach leughadair aig a bheil ùidh anns na h-eileanan beaga far an robh a' Ghàidhlig làidir agus beatha na coimhearsnachd cho beothail.

Searmon Beag

Tha sinn a' faicinn anns an `am seo gu dorcha tre ghlaire.

(1 Corintianaich 13:12.)

Dè as ciall don fhacal *glaine* a tha Pòl a' cleachdadh anns an earrainn seo?

'S e *sgàthan* am facal a bhios againn anns a' bhitheantas an-diugh. 'S e a tha an t-Abstol a' ciallachadh an seo, ma tha, cuideigin a' coimhead air fhaileas fhèin ann an sgàthan, gun e a' faicinn ach iomhaigh a tha rud-eigin dorcha doilleir. Feumaidh sinn cuimhneachadh nach robh na sgàthain a bha aig daoine anns na làithean sin cho math no cho èifeachdach ris an fheadhainn a tha againn nar dachaighean an-diugh. Tha Pòl a' teagasg nach eil sealladh coileanta againn air cùisean anns a' bheatha seo. Tha iomadh rud nach eil sinn a' tuigsinn. Aig toiseach bliadhna tha an t-slighe a tha air thoiseach oirnn diamhair agus doilleir.

Air na clachan a thog na Cruithnich, an sluagh Ceilteach a bha ann an Alba mun tàinig ar sinnsirean, na Gàidheil, à Eirinn, am measg nan dealbh a tha air an snaidheadh air a' chloich chìthear sgàthan agus cìr. Tha cuid de sgoilearan a' dèanamh a-mach gur ann airson boireannaich uasail a chaidh clachan mar sin a chur suas mar chomharradh air an inbhe a bha aice am measg an t-sluaigh.

Tha an t-abstol Seumas cuideachd a' cleachdadh an sgàthain mar shamhladh air beatha spioradail an duine. Tha e a' sgrìobhadh: *Ma tha neach air bith 'na fhear-èisdeachd an fhacail, agus chan ann mar fhear-dèanamh da rèir, is cosmhaile ri duine a tha ag amharc air 'aghaidh nàdarra ann an sgàthan: oir bheachdaich e air fhèin, agus dh'imich e roimhe, agus dhìochuimhnich e air ball ciod an coslas duine a bha ann fhèin.*

Seo an dealbh a tha Seumas a' tarraing an sin. An duine a

tha ag èisdeachd ri facal Dhè, gun a bhith ga chur gu buil 'na bheatha, tha e coltach ri cuideigin a' coimhead air 'fhaileas fhèin ann an sgàthan. Anns an sgàthan chì e na rudan a tha cearr. Tha 'fhalt feumach air a chìreadh. Tha spot salach air 'aodann. Ach tha e a' falbh on sgàthan gun a bhith a' dèanamh dad ma dhèidhinn. Tha e a' dìochuimhneachadh cò ris a bha an iomhaigh a chunnaic e anns an sgàthan coltach. Sin, ars an t-abstol, mar a tha an duine a tha fo èisdeachd an t-Soisgeil, agus teachdaireachd a' Bhìobaill ga dhìtheadh, a' sealltainn dha nan rudan a tha cearr 'na bheatha, agus a tha a' dol a-mach gun nì a dhèanamh ma dhèidhinn.

Tha sinn a' faicinn anns an `am seo gu dorcha tre ghlaire. Sin, ars Pòl, mar a bhios an sealladh a tha againne an-diugh air nithean spioradail, air nithean sìorraidh. Bidh na beachdan a tha againn fada cearr air amannan. Ann an sgàthan tha rudan an aghaidh na dòghach. Tha na rudan a bu choir a bhith air an làimh chlàir air an làimh dheis. Sin gu tric mar a tha cùisean anns a' bheatha seo, bun os cionn. Na rudan a bu chòir a bhith an àird, na rudan tlachdmhor fallain, tha iad gu h-ìosal, agus na rudan a bu chòir a bhith aig a' bhonn, na rudan grànnda millteach, 's ann a tha iad air an uachdar.

Ach bha Pòl a' creidsinn gu robh an latha a' dol a thighinn anns am bris an latha agus an teach na sgàilean. An uair sin chì sinn rudan mar a tha iad, gun sgleò air ar lèirsinn. Chi sinn aghaidh ri aghaidh, mar a tha e fhèin ga chur.

Tha seanfhacal a tha ag ràdh, *Is math an sgàthan sùil caraid.* Innsidh fìor charaid dhuinn an fhìrinn. Cha chùim e rud sam bith air ais, ged nach biodh an fhìrinn ro-thlachdmhor. Tha am Bioball mar sgàthan anns am faic sinn sinn fhèin mar a tha sinn – na rudan matha agus na rudan grànnda. Ach chì sinn cuideachd an Dia a tha a' gabhail rinn mar a tha sinn, agus a tha ann an losa Crìosd gar coinneachadh leis a' ghràs sin a tha gu leòr air ar son.

Gàidhlig Shìmplidh

28 Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Is tròcaireach agus is gràsmhor an Tighearna."

Tha na faclan sin ann an Leabhar nan Salm. Tha iad sgrìobhte anns an treas salm thairis air a' cheud, aig an ochdamh rann. (Salm 103:8.) Tha misneachadh anns na faclan sin. Tha an Dia a tha a' coinneachadh rinn anns a' Bhìoball làn tròcaire. 'S ann le gràs a tha E a' dèiligeadh rinn. Chan eil sinne airidh air a thròcaire. Chan eil sinn airidh air a ghràs. Ach chan eil Dia a' coimhead air ar n-airidheachd agus air ar feum. Tha sin gar misneachadh aig toiseach bliadhna eile nar beatha.

Chan eil e furasta dhuinn smaoineachadh air mar a bha an saoghal ceud bliadhna air ais. Bha sìth ann aig toiseach na

bliadhna 1914. Ach mun tàinig deireadh na bliadhna bha cogadh uamhasach anns an Roinn Eòrpa. Chan eil fios againn dè a dh'fhaodas tachairt ann am bliadhna. Tha e cho math nach eil fios againn dè a tha romhainn. Aig toiseach bliadhna tha sinn a' cur ar dòchais ann an Dia. Tha Esan a' dol air thoiseach ann. Tha E mar am Buachaille a' dol air thoiseach air na caoraich. Tha E mar an t-Athair a' dol air thoiseach air a chloinn. Tha Esan ag ullachadh na slighe.

28 Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Far an caill duine a sporan, 's ann as coir dha iarraidh."

(Where a man loses his purse, he should look for it.) Nuair a chailleas sinn rud-eigin, feumaidh sinn ceum a ghabhail air ais. Thèid sinn air ais air an t-slighe air an robh sinn. Gheibh sinn an rud a chaill sinn far an do chaill sinn e. Nuair a bha losa dà bhliadhna deug de dh'aois chaidh E Fhèin, Moire agus Iòseph suas gu Ierusalem. Air an rathad dhachaigh thuig Moire agus Iòseph nach robh losa anns a' chuideachd. Thug iad ceum air ais. Lorg iad E far an do dh'fhàg iad E, ann an Ierusalem.

28 Tha an latha as giorra a-nis seachad. Beag is beag tha an latha a' fàs nas fhaide. 'S ann beag is beag a thàinig Pòl gu

bhith a' creidsinn ann an Crìosd. An toiseach bha e an aghaidh losa agus luchd-leantainn losa. Ach ceum air cheum dh'fhàs e teagmhach. Air an rathad gu Damascus chunnaic e solas nèamhaidh. Ach bha an dorachdas a' tòiseachadh air sgoileadh roimhe sin. Mhean air mhean thàinig an solas. Thàinig latha ùr 'na bheatha. Chreid e a-nis gur e losa Solas an t-Saoghail. Chuir e seachad a bheatha a' tarraing dhaoine chun an t-solais sin.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

RANN

'S Tu Fèin an ceann-iùil nì 'n stiùireadh dhachaigh,

A dùthchannan fada gu tuath;

Bidh do ghràs as-ùr mar dhriùchd na maidne,

Toirt ùrach' neirt dhaibh gach uair;

'S Tu leòmhann treubh lùdhah, 's flùr nan gaisgeach,

'S Tu dhùisg a-mach às an uaigh;

Bidh naimhdean do ghlòir 's an stòl fod chasaibh,

'S do mhòrachd marcachd le buaidh.

Seo rann às an laoidh aig Pàdraig Grannd, *Tha Sìon a' Seinn*.

Thog mi an rann seo à leabhar-laoidhean a bha aig an Urr.

Iain MacLeòid, nach maireann, a bha anns an Oban. Sgrìobh

Iain air an duilleig gun do sheinn iad rainn às an laoidh aig an

t-seirbheis Ghàidhlig anns a' Ghiblean 1981.

AN LEABHAR BLIADHNAIL

Nì ministearan toileachadh ri Leabhar Bliadhnail na h-Eaglais nuair a thig e leis a' phost. Bho dh'ullaich mi *Na Duilleagan* mu dheireadh fhuair mi Leabhar Bliadhnail 2013-14. Mar as àbhaist tha fiosrachadh de gach seòrsa anns an Leabhar Dhearg, mu choitheanal, mu mhinistearan, mu oifisean na h-eaglais, mu laghan na h-eaglais.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist mu bhliadhnachan a chuir sinn oirbh air a' cheud duilleig. 1. Pòl. 2. — mìle —. 3. Iobairtean. 4. Absalom.

LATHA NA BLIADHN' UIRE

Anns na ginealaichean a bha romhainn bhiodh daoine a' toirt barrachd àite don Bhliadhn' Uir na bha iad a' toirt don Nollaig. Bha e 'na chleachdadh ann an iomadh coitheanal gum biodh seirbheis, no 's dòcha dà sheirbheis, air Latha na Bliadhn' Uire.

A bheil seirbheisean mar sin cumanta fhathast? Ann an Ard-eaglais Steòrnabhaigh bhiodh seirbheis ann anmoch gu bhith a' toirt a-steach na Bliadhn' Uire. Nuair a bha am Fear-deasachaidh 'na oileanach bha e turas no dhà aig an t-seirbheis shònraichte sin nuair a bha an t-Urr. Aonghas MacCumais air ceann a' choitheanail agus bha e glè dhrùidhteach a bhith ann an taigh Dhè agus bliadhna eile a' tòiseachadh.

SPIORADALACHD NAM BARD

Anns an t-sreath de dh'òraidean air bàird spioradail na Gàidhealtachd thug an t-Oll. Dòmhnall MacLeòid on Eaglais Shaoir òraid seachad air Pàdraig Grannd. Ged a bha an Granndach 'na Bhaisteach, bha agus tha meas mòr air na laoidhean aige anns na eaglaisean Clèireachail.

ADHBHAR GAIRE

Thill ministear air ais do sgìre anns an robh e uaireigin. Bha e a' smaoineachadh nach robh fios aig duine gur esan a bha gu bhith air ceann na seirbheis. Thubhairt e ri fear de na h-eildearan gu robh iongnadh air cho beag den t-seann choitheanal agus a bha an làthair agus esan air tighinn gun dùil ris. "O," ars an t-eildear, "fhuair an naidheachd fa-sgaoil."

Urnaigh

A Dhè shìorraidh,
ar dìon agus ar cùl-taic
anns na bliadhnachan a dh'fhalbh,
gum biodh Tu dhuinn
mar bhunait ar dòchais
anns a' bhliadhna
a tha air ùr-fhosgladh.
Beannaich ar dachaighean,
ar n-eaglaisean,
ar rìoghachd
an-diugh agus anns na làithean
air thoiseach.
Tre ar Tighearna Iosa Crìosd,
an nì ceudna,
an-dè agus an-diugh agus gu sìorraidh.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh de Bheinn Nibheis.
Thogadh an dealbh seo
anns an Oig-mhìos,
nuair a bha sneachd fhathast
anns na coireachan.
Ach anns an Fhaoilleach
bidh a' bheinn air fad
air a còmhdach
le sneachd a' gheamhraidh.